

Chris Rowsell  
BBC  
Broadcasting House  
Portland Place  
Lunnainn  
W1A 1AA

Siobhan Walsh  
Stiùiriche, Poileasaidh Susbaint

Post-d:  
[BBCScotland.Assessment@ofcom.org.uk](mailto:BBCScotland.Assessment@ofcom.org.uk)

15 Màrt 2018

A Chris Chòir

### Seanail BBC Scotland: Atharrachadh air a' mholadh

Mòran taing airson na litreach agaibh air 14 Màrt 2018. San litir agaibh mhol sibh atharrachadh air moladh a' BhBC airson seanail ùr telebhisean airson Alba a bhiodh a' ciallachadh gum biodh simulcast de dh'Àrd Dheifinisean air a chur air chois.

Mar a bhios fios agaibh, an dèidh dhan BhBC a dheuchainn airson ùidh phoblach a chur gu Ofcom air 30 Samhain 2017, thòisich sinn air lèirmheas am bu chòir dhan mholadh a bhith air a leigeil air adhart. Na dhèidh sin dhearbhadh sinn san litir a chur sinn thugaibh air 11 Faoilleach 2018 gun coileanadh sinn Measadh Farpais ('BCA') gus am moladh a mheasadh.

Leis gu bheil am BBC air a mholadh atharrachadh, feumaidh sinn beachdachadh air buaidh an atharrachaidh agus an ìre gu feum sinn tuilleadh fiosrachaidh bhon BhBC. Foillsichidh sinn ar beachd a thaobh na bhios an atharrachadh air a' mholadh a' ciallachadh dhan phròiseas is dhan chlàr-ama againn cho luath 's a ghabhas.



Siobhan Walsh